



Higher
Course
Specification



Sònrachadh Cùrsa Meadhanan Àrd Ìre (C748 76)

Bhon Lùnastal 2014

An deasachadh seo: Giblean 2014, dreach 2.0

Ath-sgrùdadh: Sultain 2014, dreach 2.1

Faodar an sònrachadh seo ath-riochdachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim fhad 's nach fhaighear prothaid bhon ath-riochdachadh, agus, ma thèid pàirt dheth ath-riochdachadh, gun tèid aithne a thoirt don tùs. Faodar lethbhreacan a bharrachd den t-Sònrachadh Cùrsa seo luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn SQA: www.sqa.org.uk.

Thoir fa-near nota air atharraichean aig deireadh Sònrachadh a' Chùrsa seo airson mion-fhiosrachadh mu atharraichean bhon dreach eile (far a bheil seo iomchaidh).

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2013

Cnàmhan a' Chùrsa

Tìotal a' Chùrsa:	Meadhanan Àrd Ìre
SCQF:	Ìre 6 (24 puingeann creideis SCQF)
Còd a' Chùrsa:	C748 76

Aonadan Riatanach

H235 76 A' Mion-sgrùdadh Susbaint Mheadhanan (Àrd Ìre) 9 puingeann creideis SCQF

No

H6NJ 76 A' Mion-sgrùdadh Susbaint Mheadhanan le Co-theacsa Albannach (Àrd Ìre)* 9 puingeann creideis SCQF

Agus an dàrna cuid

H238 76 A' Cruthachadh Susbaint Mheadhanan (Àrd Ìre) 9 puingeann creideis SCQF

No

H6NK 76 A' Cruthachadh Susbaint Mheadhanan le Co-theacsa Albannach (Àrd Ìre) * 9 puingeann creideis SCQF

agus

Measadh Cùrsa 6 puingeann creideis SCQF

Tha sia puingeann creideis SCQF sa Chùrsa seo gus ùine a bharrachd a chheadachadh airson ullachadh mu choinneamh measadh a' Chùrsa. Tha measadh a' Chùrsa a' còmhdach luach-leasaichte a' Chùrsa. Tha fiosrachadh a bharrachd mu mheasadh a' Chùrsa ri fhaighinn san earrainn air Measadh.

*Aonad a' Cur ri Duais Eòlas na h-Alba. Bu chòir an Sònrachadh Cùrsa seo a leughadh còmhla ris an t-Sònrachadh Aonaid bhuntainneach airson Eòlas na h-Alba air [làrach-lìn Duais Eòlas na h-Alba](#).

Ìre tòiseachaidh

Gheibhear a-steach don Chùrsa seo le cead an ionaid. Ge-tà, bhiodh dùil gum biodh luchd-ionnsachaidh air na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse riatanach fhaighinn bho na teisteanasan a leanas no feadhainn cho-ionann, agus/no eòlas:

- ◆ an Cùrsa Meadhanan Nàiseanta 5 no Aonadan buntainneach bhon Chùrsa

Adhartas

Dh'fhaodadh an Cùrsa seo no na h-Aonadan aige a bhith nan slighe air adhart gu:

- ◆ teisteanasan eile ann am Meadhanan no raointean co-cheangailte
- ◆ tuilleadh ionnsachaidh, cosnadh agus/no trèanadh

Tha tuilleadh mion-fhiosrachaidh anns an earrainn air Feallsanachd.

Co-ionannachd agus in-ghabhail

Tha an Sònrachadh Cùrsa seo air a dhealbh gus dèanamh cinnteach nach eil bacaidhean neo-riatanach ann ro ionnsachadh no measadh. Bu chòir feumalachdan luchd-ionnsachaidh fa leth a thoirt fa-near nuair a thatar a' planaigeadh eòlasan ionnsachaidh, a' taghadh dòighean measaidh no a' cnuasachadh air fianais eile. Airson fiosrachadh a bharrachd, seall air *Notaichean-taic a' Chùrsa*.

Feallsanachd

Tha na Cùrsaichean Nàiseanta ùra agus ùraichte uile a' nochdadh luachan, adhbharan agus prionnsapalan Curraicealam airson Sàr-mhathais. Tha iad a' tairgsinn sùbailteachd, barrachd ùine airson ionnsachadh, fòcas nas fheàrr air sgilean agus a' cleachdadh ionnsachadh, agus cothrom airson pearsanachadh agus roghainn.

Anns a' Chùrsa seo, agus na h-Aonadan a tha nam pàirt dheth, bidh cuideam air leasachadh sgilean agus cleachdadh nan sgilean sin. Bidh dòighean measaidh co-rèireach, freagarrach, agus cuiridh iad air adhart sàr chleachdadh, a' leigeil le luchd-ionnsachaidh na h-ìrean as àirde a tha nan comas a ruighinn.

Tha an Cùrsa seo a' toirt chothroman do luchd-ionnsachaidh cumail orra a' faighinn agus a' leasachadh buadhan agus comasan nan ceithir comasachdan, cho math ri sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair.

Bheir na Cùrsaichean gu lèir cothroman do luchd-ionnsachaidh farsaingeachd, dùbhlàn agus cleachdadh a leasachadh, ach bidh fòcas agus cothromachd a' mheasaidh freagarrach airson an raoin cuspair.

Dàimh eadar an Cùrsa agus luachan, adhbharan agus prionnsapalan Curraicealam airson Sàr-mhathais

Leigidh Meadhanan Àrd Ìre le luchd-ionnsachaidh susbaint mheadhanan¹ a mhion-sgrùdadh agus a chruthachadh. Nì luchd-ionnsachaidh breithneachadh air na meadhanan agus an àite aca ann am beatha làitheil, agus gabhaidh iad sùim ann an susbaint mheadhanan ann an co-theacsa cultarail agus ann an co-theacsa gnìomhachas nam meadhanan. Le bhith a' mion-sgrùdadh agus a' cruthachadh susbaint mheadhanan, togaidh luchd-ionnsachaidh sgilean a leigeas leotha a dhol an sàs barrachd ann an comann-sòisealta agus ann an ionnsachadh.

Bheir an Cùrsa cothrom do luchd-ionnsachaidh eòlas a chur air co-theacsaichean agus àite mheadhanan, agus air prìomh fheartan litearrachd mheadhanan: seòrsaichean, cànan, ath-riochdachadh, aithris, luchd-amais agus stèidheachadh.

Coinnichidh luchd-ionnsachaidh ri tòrr sheòrsaichean teacsa eadar-dhealaichte ann am meadhanan eadar-dhealaichte. A' togail air na ceithir comasachdan, leigidh an Cùrsa le luchd-ionnsachaidh conaltradh agus breithneachadh a dhèanamh, mothachadh cultarail a leasachadh agus a bhith cruthachail.

Adhbhar agus amasan a' Chùrsa

'S e prìomh adhbhar a' Chùrsa seo susbaint mheadhanan¹ a mhion-sgrùdadh agus a chruthachadh. Leigidh an Cùrsa le luchd-ionnsachaidh an

¹Tha susbaint mheadhanan a' ciallachadh a h-uile teacsa agus stuth mheadhanan

sgilean litearrachd mheadhanan a thuigsinn agus a leasachadh, agus sùim a ghabhail sna cothroman agus sna dùbhlain a tha ann an gnìomhachas nam meadhanan. Bheir an Cùrsa cothroman do luchd-ionnsachaidh an dà chuid eòlas teòiridheach air na meadhanan a leasachadh agus an comas subsaint mheadhanan a chruthachadh.

Bheir an Cùrsa seo cothroman do luchd-ionnsachaidh tòrr sgilean diofraichte a leasachadh agus a leudachadh, nam measg conaltradh, ionnsachadh neo-eisimeileach, litearrachd bhreithneachail, obair phearsanta, eadar-phearsanta agus buidhne, agus smaoinachadh cruthachail.

Gu sònraichte, tha e na amas aig a' Chùrsa seo gun leasaich luchd-ionnsachaidh:

- ◆ an comas subsaint mheadhanan a mhion-sgrùdadh agus a chruthachadh, a rèir an adhbhair, an luchd-amais agus a' cho-theacsa
- ◆ eòlas agus tuigse air prìomh fheartan litearrachd mheadhanan
- ◆ eòlas agus tuigse air àite mheadhanan ann an comann-sòisealta
- ◆ an comas plana agus rannsachadh a dhèanamh nuair a tha iad a' cruthachadh subsaint mheadhanan, a rèir an adhbhair, an luchd-amais agus a' cho-theacsa
- ◆ an comas cleachdadh an neach-ionnsachaidh a luachadh

Fiosrachadh mu luchd-ionnsachaidh àbhaisteach a dhèanadh an Cùrsa

Bheir an Cùrsa seo seachad sùbailteachd, pearsanachadh agus roghainn a leigeas le luchd-ionnsachaidh coileanadh ann an dòighean eadar-dhealaichte agus aig luaths eadar-dhealaichte.

Cuideachd, bheir an Cùrsa seo cothroman do luchd-ionnsachaidh togail air ionnsachadh ro-làimh ann am foghlam farsaing, coitcheann no ann an teisteanasan Mheadhanan aig ìre SCQF nas ìsle.

Bheir an Cùrsa cothrom do luchd-ionnsachaidh gus: diofar mheadhanan a chleachdadh gu h-èifeachdach airson ionnsachadh agus conaltradh; a bhith cruthachail agus iad fhèin a chur an cèill ann an diofar dhòighean; agus smaoinachadh cruthachail agus breithneachadh a chleachdadh gus beachdan agus argamaidean a cho-chur.

Cuideachd, bheir an Cùrsa cothrom do luchd-ionnsachaidh gus: toileachas fhaighinn agus cur ri toileachas dhaoine eile tro ath-riochdachadh cruthachail agus faireachail; sgilean breithneachaidh litearrachd a leasachadh, agus sgilean pearsanta, eadar-phearsanta agus obair-buidhne; agus barrachd tlachd agus tuigse a bhith aca a thaobh a' chultair aca fhèin, agus cultaran dhaoine eile.

Tha an Cùrsa air a dhealbhadh gus a bhith ruigsinneach. Bheir structar a' Chùrsa ceangal gnothaicheil eadar eòlas teòiridheach air na meadhanan agus an comas subsaint mheadhanan a chruthachadh.

Bheir an Cùrsa cothroman airson adhartas dìreach agus tarsainn gu Cùrsaichean

Nàiseanta, agus gu teisteanasan SQA eile ann am Meadhanan agus raointean co-cheangailte.

Structar a' Chùrsa agus cumhachan coileanaidh

Structar a' Chùrsa

Tha dà Aonad riatanach sa Chùrsa seo.

Tha an dà Aonad, air an gabhail còmhla, a' gabhail a-steach sgilean ann am mion-sgrùdadh agus ann an cruthachadh susbaint mheadhanan. Bheir an Cùrsa seo cothrom na sgilean sin amalachadh, oir cha ghabh mion-sgrùdadh agus cruthachadh a sgaradh. Bheir gach Aonad cothroman cuideachd do luchd-ionnsachaidh a bhith ag amas air sgilean sònraichte.

Tha Aonadan nan cunntasan air slatan-tomhais airson measadh, 's chan ann nam prògraman ionnsachaidh agus teagaisg. Gabhaidh an libhrigeadh ann an grunn dhòighean.

A' Mion-sgrùdadh Susbaint Mheadhanan (Àrd Ìre)

'S e adhbhar an Aonaid seo na sgilean a leasachadh gus mion-sgrùdadh a dhèanamh air susbaint mheadhanan. Bheir an t-Aonad seo cothrom do luchd-ionnsachaidh eòlas agus tuigse a leasachadh air co-theacsaichean agus àite mheadhanan, agus air prìomh fheartan litearrachd mheadhanan, a tha cudromach airson mion-sgrùdadh mionaideach agus iom-fhillte air susbaint mheadhanan.

A' Cruthachadh Susbaint Mheadhanan (Àrd Ìre)

'S e adhbhar an Aonaid seo na sgilean a leasachadh gus susbaint mheadhanan a chruthachadh agus beachd a thoirt air pròiseasan dèanaimh. Bheir an t-Aonad seo cothrom do luchd-ionnsachaidh eòlas agus tuigse a leasachadh air prìomh fheartan litearrachd mheadhanan, a tha cudromach gus susbaint mheadhanan a chruthachadh.

Cumhachan coileanaidh

Gus teisteanas a' Chùrsa fhaighinn, feumaidh an neach-ionnsachaidh na h-Aonadan gu lèir a phasaigeadh cho math ri measadh a' Chùrsa. Chithear na h-Aonadan riatanach ann an earrann cnàmhan a' Chùrsa. Bidh am measadh Cùrsa na bhunait gus buileachadh a rangachadh ann an teisteanas a' Chùrsa.

Sgilean, eòlas agus tuigse

Tha tuilleadh fiosrachaidh mu mheasadh air sgilean, eòlas agus tuigse airson a' Chùrsa air a thoirt seachad ann an *Sònrachadh Measadh a' Chùrsa*. Tha tar-shealladh farsaing air na sgilean cuspair, an eòlas, agus an tuigse riatanach a thèid a mheasadh sa Chùrsa, anns an earrainn seo.

Leigidh an Cùrsa seo le luchd-ionnsachaidh conaltradh a dhèanamh, a bhith nan luchd-breithneachaidh, mothachadh cultarail a leasachadh, agus a bhith cruthachail. Seo iomradh air na sgilean, an eòlas agus an tuigse bho shusbaint riatanach a' Chùrsa:

- ◆ a' mion-sgrùdadh agus a' cruthachadh susbaint mheadhanan, a rèir an adhbhair agus an luchd-amaiseòlas agus tuigse air prìomh fheartan litearrachd mheadhanan, a rèir na susbaint
- ◆ tòrr sgilean luachaidh diofraichte
- ◆ eòlas agus tuigse air àite mheadhanan ann an comann-sòisealta
- ◆ eòlas air cùisean co-theacsach, bacaidhean agus saorsa a tha a' bualadh air luchd-dèanaimh susbaint mheadhanan

Bidh sgilean, eòlas agus tuigse a bhios sa Chùrsa a rèir ìre SCQF a' Chùrsa. Bheir sònrachaidhean ìre SCQF tuilleadh fiosrachaidh air feartan agus coileanadh ris am bi dùil aig gach ìre SCQF.
(www.sqa.org.uk/scqf)

Measadh

Tha fiosrachadh mu mheasadh airson a' Chùrsa ann an *Sònrachadh Measadh a' Chùrsa*. Bheir seo seachad làn mhion-fhiosrachadh, a' gabhail a-steach comhairle air mar a thèid buileachadh iomlan neach-ionnsachaidh airson a' Chùrsa a dhearbhadh.

Measadh Aonaid

Tha in-mheasadh ga dhèanamh air gach Aonad mu choinneamh nan cumhachan a chithear ann an *Sònrachadh an Aonaid*.

Faodar am measadh Aonad mu seach no le co-mheasadh.

Thèid am measadh soirbheachail/neo-shoirbheachail anns na h-ionadan fhèin. Nì SQA dearbhadh-càileachd mionaideach, a' gabhail a-steach dearbhadh a-muigh, gus dèanamh cinnteach gu bheil am breithneachadh measaidh cunbhalach agus a rèir ìrean nàiseanta.

Bidh measadh nan Aonadan sa Chùrsa seo mar a leanas.

A' Mion-sgrùdadh Susbaint Mheadhanan (Àrd Ìre)

Bidh aig luchd-ionnsachaidh ri fianais a thoirt seachad air na sgilean a dh'fheumar gus mion-sgrùdadh a dhèanamh air susbaint mheadhanan. Seallaidh luchd-ionnsachaidh eòlas air na co-theacsaichean buntainneach aig meadhanan, air àite mheadhanan agus air na prìomh fheartan aig litearrachd mheadhanan a tha cudromach gus mion-sgrùdadh mionaideach agus iom-fhillte a dhèanamh air susbaint mheadhanan.

A' Cruthachadh Susbaint Mheadhanan (Àrd Ìre)

Bidh aig luchd-ionnsachaidh ri fianais a thoirt seachad air na sgilean agus an tuigse a dh'fheumar gus susbaint mheadhanan a chruthachadh agus pròiseasan dèanaimh a luachadh. Cleachdaidh luchd-ionnsachaidh eòlas air na prìomh fheartan buntainneach aig litearrachd mheadhanan a tha cudromach gus susbaint mheadhanan a' cruthachadh.

Tha eisimpleirean de dhòighean measaidh airson nan Aonadan seo rim faighinn sa

Ghoireas Measaidh Nàiseanta.

Measadh Cùrsa

Tha measadh air [luach-leasaichte](#)² ann an Cùrsaichean bho Nàiseanta 4 gu Àrd Ìre Adhartach. Aig Nàiseanta 5, Àrd Ìre agus Àrd Ìre Adhartach thèid an luach-leasaichte a mheasadh ann am measadh a' Chùrsa. Feumaidh an luach-leasaichte airson a' Chùrsa dèiligeadh ri prìomh adhbharan agus amasan a' Chùrsa mar a tha iad gam mìneachadh ann am Feallsanachd a' Chùrsa. Nì e seo le bhith a' dèiligeadh ri aon no barrachd à farsaingeachd, dùbhlán no cleachdadh.

Anns a' Chùrsa Meadhanan Àrd Ìre, bidh luach-leasaichte a' cur fòcas air:

² Gheibhear mìneachaidhean an seo: <http://www.sqa.org.uk/jargonbuster>

- ◆ dùbhlán
- ◆ cleachdadh

Bheir luchd-ionnsachaidh fianais air comas susbaint mheadhanan mhionaideach a mhion-sgrùdadh agus a chruthachadh. Bidh measadh a' Chùrsa ann an riochd [pìos-obrach](#)³ a chuireas fòcas air a' cruthachadh susbaint mheadhanan, [sgrùdadh-cùise](#)⁴ a chuireas fòcas air mion-sgrùdadh air susbaint mheadhanan nach fhacar roimhe, agus [pàipear-cheistean](#)⁵ a chuireas fòcas air mion-sgrùdadh air susbaint mheadhanan air a bheilear eòlach.

Leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair

Tha dùil gun leasaich luchd-ionnsachaidh sgilean farsaing, coitcheann tron Chùrsa seo. Tha na sgilean a bhios luchd-ionnsachaidh a' leasachadh agus a' leudachadh tron Chùrsa stèidhte air *Skills Framework: Skills for Learning, Skills for Life and Skills for Work* le SQA agus tha iad bho na prìomh raointean sgilean gu h-ìosal. Feumar iad seo fhisge a-steach don Chùrsa far a bheil cothroman iomchaidh ann.

1 Litearrachd

- 1.1 Leughadh
- 1.3 Èisteachd is labhairt

4 Comas-obrach, iomairt agus saoranachd

- 4.3 Ag obair còmhla ri daoine eile
- 4.4 Iomairt
- 4.6 Saoranachd

5 Sgilean smaoineachaidh

- 5.4 A' mion-sgrùdadh agus a' luachadh
- 5.5 A' cruthachadh

Tha leudachadh air na sgilean seo ri fhaighinn ann an *Skills Framework: Skills for Learning, Skills for Life and Skills for Work* le SQA. Bidh ìre nan sgilean sin freagarrach airson ìre a' Chùrsa. Tha tuilleadh fiosrachaidh mu bhith a' fighe a-steach sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair airson a' Chùrsa ri fhaighinn ann an *Notaichean-taic a' Chùrsa*.

³ Gheibhear mineachaidhean an seo: <http://www.sqa.org.uk/jargonbuster>

⁴ Faic an ceangal gu h-àrd airson mhìneachaidhean.

⁵ Faic an ceangal gu h-àrd airson mhìneachaidhean.

Administrative information

Published: April 2014 (version 2.0)

History of changes to National Course Specification

Course details	Version	Description of change	Authorised by	Date
	2.0	Pages 3–6 — ‘Contexts’ and ‘roles’ added to statements about key aspects of media literacy. These additions are reflected in other minor wording changes. Page 7 — Description of Creating Media Context Unit amended to include planning. Page 7 — Information on Course assessment amended: case study Component removed.	Qualifications Development Manager	April 2014
	2.1	Scottish Studies Award Unit contributing information added. No other changes made to document content.	Qualifications Manager	September 2014

This specification may be reproduced in whole or in part for educational purposes provided that no profit is derived from reproduction and that, if it is reproduced in part, the source is acknowledged. Additional copies of this Course Specification can be downloaded from SQA’s website at www.sqa.org.uk.

Note: You are advised to check SQA’s website (www.sqa.org.uk) to ensure you are using the most up-to-date version of the Course Specification.

© Scottish Qualifications Authority 2014